- 7 (a) $3.24 + 5.55$ (b) $1.46 + 7.26$ (c) $6.09 + 1.97$ (d) $4.73 + 2.58$
 (e) $9.75 - 3.61$ (f) $8.93 - 5.4$ (g) $5 - 2.29$ (h) $7.03 - 1.45$

1 Sgrìobh faid gach leum **chun an deicheimh de 1 mheatair as fhaisge.**



2 Sgrìobh an àirde a leum gach bogh-leumadair chun an **deicheimh de 1 mheatair as fhaisge.**

Gio	Franco	Bert	Danny
3.67m	4.15m	3.51m	4.03m



3 Tha an clàr a' sealltainn mar a chaidh farpais na sleagha. Cruinnich gach astar a chaidh a thilgeil **chun a' mheatair shlàin as fhaisge.**

	Tilg 1	Tilg 2	Tilg 3
Ellie	61.26m	56.84m	67.07m
Cara	72.59m	75.13m	70.5m
Alana	63.81m	74.56m	68.02m



4 Airson gach farpaisich, lorg

(a) **tuairmse** air astar Tilg 1 agus Tilg 2 còmhla

(b) **tuairmse** air an diofar eadar Tilg 1 agus Tilg 2.

	Tilg 1	Tilg 2
Harry	16.41m	18.3m
Imo	12.26m	19.85m

5 Dèan ceist 4 a-rithist, ach an turas seo lorg na suimean agus na diofaran **mionaideach.**



1 Tha sgoilearan a' tighinn dhan sgoil sa mhadainn ann an diofar dhòighean.



Tha Marc a' coiseachd

astar ann is às **gach latha**
10.7 km.



Tha Sine air baidhsagal

astar ann is às **gach latha**
14.2 km.

Cia mhead km a tha gach sgoilear a' siubhal ann an

- (a) 3 làithean (b) 5 làithean (c) 7 làithean?

- 2 (a) 2×34.5 (b) 4×12.6 (c) 20.8×3 (d) 9×10.4 (e) 11.3×8
(f) 6×13.9 (g) 14.7×5 (h) 2×53.1 (i) 4×31.6 (j) 48.5×3

3 Tha feadhainn dhe na sgoilearan a' siubhal astar nas fhaide dhan sgoil.

Tha Nòra a' tighinn sa chàr



astar ann is às **gach seachdain**
101.3 km.

Tha Uilleam a' tighinn air a' bhus



astar ann is às **gach seachdain**
124.8 km.


Cia mhead km a tha gach sgoilear a' siubhal ann an







- (a) 2 sheachdain (b) 6 seachdainean (c) 4 seachdainean?

- 4 (a) 3×219.4 (b) 5×176.1 (c) 105.9×9 (d) 4×230.5
(e) 367.8×2 (f) 3×400.2 (g) 7×150.7 (h) 8×132.4



1 Tha Saoghal Ciùil a' reic càball airson uidheaman ann am faidean meatair.



Finetune		£1.32 gach m
Senso		£0.85 gach m
Puresound		£2.16 gach m
Bassflex		£5.79 gach m
Corewire		£3.08 gach m
Truebeat		£4.60 gach m


Dè na chosgadh na faidean seo de chàball?

- | | | |
|----------------------------|----------------------------|-----------------------------|
| (a) 3 m de <i>Finetune</i> | (b) 4 m de <i>Senso</i> | (c) 6 m de <i>Puresound</i> |
| (d) 5 m de <i>Bassflex</i> | (e) 9 m de <i>Corewire</i> | (f) 7 m de <i>Truebeat</i> |

- | | | | |
|-----------------------|---------------------|---------------------|---------------------|
| 2 (a) 3×6.12 | (b) 2×5.47 | (c) 8×3.18 | (d) 4×2.69 |
| (e) 5×4.84 | (f) 6×8.75 | (g) 7×7.77 | (h) 9×9.09 |



Meudaichear:
6 pàighidhean mìosail de £31.05



Siostam: 9 pàighidhean mìosail de £60.21


A' cleachdadh nam pàighidhean mìosail, dè a tha iad seo a' cosg gu lèir?


- (a) am meudaichear (b) an siostam

- | | | | |
|------------------------|----------------------|----------------------|----------------------|
| 4 (a) 2×34.12 | (b) 3×20.31 | (c) 4×22.06 | (d) 5×11.71 |
| (e) 6×10.45 | (f) 2×43.98 | (g) 7×14.63 | (h) 8×12.54 |
| (i) 9×25.36 | (j) 5×37.29 | (k) 8×48.57 | (l) 7×70.07 |



1 Lorg cuideam **cuibheasach** an èisg a fhuair gach iasgair?

(a)  Tha suim 2.4 cileagraman anns na 3 èisg a fhuair mi.

(b)  Tha cuideam 3.5 cileagraman anns na 5 a fhuair mise gu lèir.


- 2 (a) $1.6 \div 2$ (b) $4.8 \div 8$ (c) $5.4 \div 6$ (d) $8.4 \div 4$
 (e) $2.8 \div \blacksquare = 0.4$ (f) $7.2 \div \blacksquare = 0.8$ (g) $4.5 \div \blacksquare = 0.9$ (h) $6.8 \div \blacksquare = 3.4$


- 3 (a) $14 \div 10$ (b) $95 \div 10$ (c) $63 \div 10$ (d) $79 \div 10$
 (e) $\blacksquare \div 10 = 3.7$ (f) $\blacksquare \div 10 = 8.1$ (g) $\blacksquare \div 10 = 5.6$ (h) $\blacksquare \div 10 = 4.4$
 (i) Ath-sgrìobh agus crìochnaich an riaghailt seo:
 Gus roinn le 10, gluais gach figear àite chun na làimhe .


- 4 (a) $2.5 \div 10$ (b) $5.9 \div 10$ (c) $1.7 \div 10$ (d) $7.1 \div 10$
 (e) $\blacksquare \div 10 = 0.32$ (f) $\blacksquare \div 10 = 0.86$ (g) $\blacksquare \div 10 = 0.64$ (h) $\blacksquare \div 10 = 0.93$

- 5 (a) $41 \div 100$ (b) $98 \div 100$ (c) $26 \div 100$ (d) $67 \div 100$
 (e) $\blacksquare \div 100 = 0.19$ (f) $\blacksquare \div 100 = 0.75$ (g) $\blacksquare \div 100 = 0.34$ (h) $\blacksquare \div 100 = 0.53$
 (i) Sgrìobh riaghailt mar ann an ceist 3, airson roinn le 100.

6 Tha meanbh-bhiastagan air an roinn gu cothromach am measg iasgairean. Dè an cuideam a tha gach fear dhiubh a' faighinn?


(a) 
3 iasgairean

(b) 
7 iasgairean

(c) 
4 iasgairean

- 7 (a) $0.66 \div 6$ (b) $0.27 \div 9$ (c) $0.72 \div 8$
 (d) $0.63 \div 7$ (e) $4.02 \div 2$ (f) $6.33 \div 3$
 (g) $5.15 \div 5$ (h) $8.12 \div 4$ (i) $\blacksquare \div 2 = 0.06$
 (j) $\blacksquare \div 5 = 0.05$ (k) $\blacksquare \div 6 = 1.08$ (l) $\blacksquare \div 2 = 4.23$





Bus a' Bhaile – Faraidhean à Glaschu

ticeadan	Gu Dùn Èideann		Gu Inbhir Nis	
	Inbhich	Clann	Inbhich	Clann
Singilte	£4.95	£3.15	£11.85	£8.00
Ann is Às	£7.99	£5.20	£19.25	£12.70
Ticead-latha	£6.10	£3.90	£14.12	£10.90

Obraich a-mach nad cheann. Cruinnich gach suim chun na nota as fhaist

- 1 **Tuairmsich** dè an t-suim a thig a-steach ann am faraidhean airson nan ticeadan seo air a' bhus gu **Dùn Èideann**?
- (a) 6 Inbhich Singilte (b) 4 Clann Singilte (c) 8 Inbhich Ann is Às
 (d) 3 Clann Ann is Às (e) 7 Inbhich agus 7 Clann Ticeadan-latha
- 2 **Tuairmsich** dè an t-suim a thig a-steach sna faraidhean seo gu **Inbhir Nis**.
- (a) 2 Inbhich Ann is Às (b) 9 Clann Ann is Às (c) 5 Inbhich Ticeadan-latha
 (d) 20 Clann Ticeadan-latha (e) 30 Inbhich agus 25 Clann Singilte?

3 **Busaichean a' Bhaile – Mài Làitheil**

Microbus	Minibus	Bus	Maxibus
£53.80	£96.30	£199.99	£350.28



Lorg a' chosgais **thuairmseach** airson **gach neach-siubhail** airson màl aon latha

- Microbus airson (a) 2 neach-siubhail (b) 3 luchd-siubhail
- Minibus airson (c) 4 luchd-siubhail (d) 6 luchd-siubhail
- Bus airson (e) 20 neach-siubhail (f) 25 luchd-siubhail
- Maxibus airson (g) 50 neach-siubhail (h) 70 neach-siubhail

4 Lorg luach **thuairmseach** air

- (a) $(5 \times £14.92) + (9 \times £20.17)$ (b) $(£96.40 \div 8) - (£53.64 \div 6)$
 (c) $(£12.11 \times 4) - (£179.73 \div 9)$ (d) $(£240.21 \div 3) + (8 \times £50.94)$

5 Dèan ceist 4 a-rithist, ach an turas seo lorg an **fhìor** luach.





1 Tha Raonaid a' gearradh roilichean cellophane ann an duilleagan de dh'fhaid 10.8 m, airson 9 bagaidean beaga **no** airson 6 bagaidean mòra a chòmhdachadh. Lorg **faid chuibheasach** an cellophane a chleachdas i airson
 (a) bagaid bheag (b) bagaid mhòr?

- 2 (a) $25 \cdot 2 \div 3$ (b) $58 \cdot 8 \div 6$ (c) $22 \cdot 8 \div 4$ (d) $34 \cdot 5 \div 5$

3 Tha Raonaid a' cleachdadh pìos riobain, de dh'fhaid 91.5cm, gus 3 bagaidean a cheangal. Lorg faid chuibheasach an riobain a chleachdas i air **gach bagaid**.




- 4 (a) $61 \cdot 8 \div 2$ (b) $92 \cdot 7 \div 9$ (c) $91 \cdot 6 \div 4$ (d) $76 \cdot 5 \div 3$

5 Tha bogha air feadhainn dhe na bagaidean aice. Lorg faid **chuibheasach** an riobain a chleachdas i airson gach seòrsa bogha.

(a) **Bogha-bròige**

(b) **Flùran**

(c) **Dithean**



120.8 m de rioban airson 8 boghan

120.6 m de rioban airson 9 boghan

101.5 m de rioban airson 7 boghan

- 6 (a) $348 \cdot 4 \div 4$ (b) $672 \cdot 7 \div 7$ (c) $231 \cdot 5 \div 5$ (d) $458 \cdot 4 \div 8$

- 7 (a) $954 \cdot 9 \div 9$ (b) $552 \cdot 9 \div 3$ (c) $285 \cdot 6 \div 2$ (d) $967 \cdot 2 \div 8$
 (e) $803 \cdot 6 \div 7$ (f) $737 \cdot 2 \div 4$ (g) $623 \cdot 5 \div 5$ (h) $791 \cdot 4 \div 6$



1 Tha **bogsa** de lilidhean a cosg £4.95 do *Flùraichean*.
Dè a tha **gach bagaid** a' cosg nuair a roinneas Raonaid iad eadar

- (a) 5 bagaidean (b) 9 bagaidean?

2 (a) $£1.24 \div 4$ (b) $£1.62 \div 2$ (c) $£5.18 \div 7$ (d) $£4.98 \div 6$

3 Tha bogsa chàrnaidean a' cosg £8.64 do *Flùraichean*. Dè a tha **gach bagaid** a' cosg nuair a roinneas Raonaid iad eadar

- (a) 8 bagaidean (b) 3 bagaidean?

4 (a) $£5.38 \div 2$ (b) $£7.85 \div 5$ (c) $£9.04 \div 4$ (d) $£9.73 \div 7$

5



Tha taigh-bidhe a' pàigheadh £30.24 do *Flùraichean* airson 7 bhàsaichean de fhùraichean. Lorg cuibheas air a' phrìs airson **gach bhàs**.

6 (a) $£24.54 \div 6$ (b) $£64.98 \div 9$
(c) $£26.01 \div 3$ (d) $£57.36 \div 8$

7 Tha Raonaid a' toirt fhùraichean gu 4 luchd-ceannach, agus tha i a' faighinn £84.96 gu lèir. Lorg a' phrìs chuibheasach a phàigh gach neach-ceannach airson nam fhùraichean aca.


8 (a) $£69.36 \div 3$ (b) $£65.46 \div 6$
(c) $£48.54 \div 2$ (d) $£81.05 \div 5$
(e) $£94.14 \div 9$ (f) $£72.66 \div 7$
(g) $£37.50 \div 2$ (h) $£95.92 \div 8$





Caisteal a' Chnuic Cosg/neach-tadhail

Bus chun a' chaisteil		60sg
Film		£2.75
Turas	↗ 2 uair a-thìde	£7.15
fiosrachaidh	↘ $\frac{1}{2}$ -latha	£11.35



1 Dè na tha gach buidheann a' pàigheadh gu lèir airson an turais chun a' chaisteil?

	Buidheann	Bus	Film	Turas
(a)	96 luchd-turais			2-uair
(b)	133 luchd-turais		✓	$\frac{1}{2}$ -latha
(c)	47 luchd-turais	✓		$\frac{1}{2}$ -latha
(d)	109 luchd-turais	✓	✓	2-uair

2 Tha buidheann de luchd-turais a' pàigheadh pris shònraichte de £820.26. Tha iad a' cleachdadh a' bhus, a' coimhead an fhilm, agus a' gabhail an turais-fhiosrachaidh $\frac{1}{2}$ -latha. Dè na tha iad a' sàbhaladh air a' phris àbhaisteach (a) gu lèir (b) gach duine?

3 Air gach turas chun a' chaisteil, gabhaidh am bus 24 luchd-tadhail. Nuair tha 174 luchd-siubhail ann:

- (a) cia mheud turas a dh'fheumas am bus dèanamh
- (b) cia mheud turas a tha am bus làn
- (c) cia mheud neach-tadhail a tha air a' bhus nach eil làn?




4 Tha 19 sèithrichean anns gach sreath san t-seòmar-film. Nuair tha 446 luchd-tadhail ann:

- (a) cia mheud sreath air a bheil feum
- (b) cia mheud sreath a tha làn
- (c) cia mheud neach a tha anns an t-sreath nach eil làn?

5 Tha 33 fònaichean-cluaise airson fiosrachaidh anns gach bogsa. Nuair tha 289 luchd-tadhail ann:

- (a) cia mheud bogsa a dh'fheumas iad fosgladh
- (b) cia mheud bogsa làn a th' air an cleachdadh
- (c) cia mheud fòn-cluaise a tha iad a' toirt às a' bhogsa nach eil air a chleachdadh gu lèir?





1 Tha cuideam **8.247 cg** no **$8 \frac{247}{1000}$ cg** no **8247 mìleamhan de 1 cg** ann am baga Anna. Sgrìobh gach fear dhe na cuideaman seo ann an dòighean eile.

- (a)

Cileagraman
1.576

 (b)

Cileagraman
0.449

 (c)

Cileagraman
9.704

 (d)

Cileagraman
0.608
- (e)

Cileagraman
0.123

 (f)

Cileagraman
5.851

 (g)

Cileagraman
0.037

 (h)

Cileagraman
6.005

2 Sgrìobh gach cuideam san riochd dheicheach.

- (a) $\frac{982}{1000}$ cg (b) $\frac{566}{1000}$ cg (c) $\frac{17}{1000}$ cg (d) 309 mìleamhan de 1 cg
- (e) $2 \frac{294}{1000}$ cg (f) $7 \frac{473}{1000}$ cg (g) $4 \frac{5}{1000}$ cg (h) 8708 mìleamhan de 1 cg

3 Ath-sgrìobh agus crìochnaich gach òrdugh àireamh.

- (a) 0.347, 0.348, 0.349, _____, _____, _____, 0.353
- (b) 1.094, 1.096, 1.098, _____, _____, _____, 1.106
- (c) 0.716, 0.712, 0.708, _____, _____, _____, 0.692
- (d) 3.515, 3.510, 3.505, _____, _____, _____, 3.485
- (e) 0.283, 0.483, 0.683, _____, _____, _____, 1.483
- (f) 4.199, 4.298, 4.397, _____, _____, _____, 4.793

4 Sgrìobh a' bhloigh dheicheach 3-ionad eadar

- (a) 0.124 agus 0.126 (b) 3.817 agus 3.819
- (c) 6.305 agus 6.307 (d) 5.032 agus 5.034

5 Sgrìobh bloigh dheicheach 3-ionad a tha eadar

- (a) 0.997 agus 1.002 (b) 1.231 agus 1.321
- (c) 9.589 agus 9.6 (d) 4.45 agus 4.46





- 1 Sgrìobh an àireamh a tha air gach pump **chun an deicheimh de 1 liotair as fhaide**
- 2 Sgrìobh na tomhasan-lionaidh seo chun an deicheimh de 1 liotair as fhaigse.



3

	Cuairt 1	Cuairt 2
	41.2 d	37.5 d
	48.91 d	43.67 d
	39.497 d	39.501 d
	52.086 d	54.742 d

Tha an clàr a' sealltainn nan uairean airson gach càr, ann an diogan, ann an cuairtean **ron rèis**.

Sgrìobh na h-uairean airson gach tè, air an cruinneachadh chun **na h-àireimh slàin** de dhiogan as fhaigse.

- 4 Seo ùineachan nan càraichean ann an diogan anns an **rèis**.

Cuairt 1	40.7 d	47.09 d	36.168 d	53.004 d
Cuairt 2	36.2 d	41.83 d	29.522 d	59.519 d

Airson gach càr, cruinnich

na h-uairean chun na h-àireimh slàin de dhiogan as fhaigse. An uair sin, lorg

(a) **tuairmse** air an ùine gu lèir airson Cuairt 1 agus Cuairt 2

(b) **tuairmse** air an diofar eadar uairean Cuairt 1 agus Cuairt 2.



- 5 Lorg na fìor suimean agus diofaran ann an ceistean **4(a)** agus **4(b)**.

1 Sgrìobh na bhloigh **agus** na cheudad.

- (a) 31 a-mach à 100 (b) 30 a-mach à 60 (c) 20 a-mach à 200
(d) 100 a-mach à 500 (e) 7 a-mach à 100 (f) 50 a-mach à 1000

2 Lorg an **ceudad** dhen stuth aodaich **nach eil** air a dhèanamh de


- (a) cotan (b) snàth (c) naidhlean



3 Lorg.

- (a) 10% de 30 (b) 20% de 100 (c) 50% de 500
(d) 40% de 70 (e) 30% de 90 (f) 70% de 40
(g) 80% de 20 (h) 60% de 200 (i) 100% de 60

4 Dè am botal anns a bheil an tomhas-lìonaidh as motha de **shùgh orainseir**?



5 Dè an ceudad de **dh'ùir** a tha anns gach poca?

6 Lorg an cuideam de
• mathachadh • aolach • gainmheach
ann am poca **400cg** de Fàsmhor.



- 1 Obraich a-mach an àireamh de gach tìotal a reic e-leabhar eadar an Fhaoilleach agus an t-Ògmhios.

e-leabhar... Bùth-leabhraichean Eadar-lìon...

Tìotal	Àireamh san stòr (Am Faoilleach)	% air an reic ron Ògmhios
Wizard's Revenge	825	12%
Jokes Galore	550	2%
Money Matters	475	16%
Return to Sunway	350	14%
Good Food	125	8%
Fame for a Day	700	28%
Up and Away	750	26%



- 2 (a) 22% de 1650 (b) 4% de 6750 (c) 35% de 7020 (d) 24% de 7650
 (e) 6% de 27 150 (f) 72% de 11 250 (g) 34% de 14 450 (h) 46% de 19 550

3 Lorg, chun na h-àireimh slàin as fhaisge:

- (a) 11% de 840 (b) 20% de 654 (c) 36% de 690 (d) 25% de 430
 (e) 13% de 658 (f) 27% de 459 (g) 5% de 909 (h) 61% de 782
 (i) 17% de 2646 (j) 15% de 2135 (k) 7% de 2997 (l) 19% de 3425

- 4 Cia mheud copaidh de gach tìotal a chaidh a reic eadar an t-Iuchar agus an Dùbhlachd?

e-leabhar... Bùth-leabhraichean Eadar-lìon...

Tìotal	Faoilleach – Ògmhios Copaidhean air an reic	Iuchar – Dùbhlachd Copaidhean air an reic
Socceroo	1250	+56%
Scary Tales	2050	-18%
A Knight's Tale	1175	+32%
Dreams	1620	+45%
Magic Tricks	1050	-42%
World View	1240	+65%
Camping	2880	-55%
Pet Care	2125	-68%





- 1 (a) Dèan liosta de gach biadh eadar-dhealaichte anns a bheil Tòiseachadh agus Prìomh chùrsa a dh'fhaodadh tu òrdachadh.
- (b) Tha Mario, an còcaire, a' cur Fheusganan ris an Tòiseachadh. Dèan liosta dhe na biadhan a **bharrachd** a gheibheir a-nise.

- 2 (a) Aig an deireadh-sheachdain, tha Mario a' cur Milseanan ris a' chlàr-bidhe. Dèan liosta de gach biadh anns a bheil trì cùrsaichean a dh'fhaodadh tu òrdachadh.
- (b) Dèan liosta de na biadhan trì-cùrsa a **bharrachd** a gheibhear ma chuireas Mario Tagliatelle ri na Prìomh chùrsaichean.

Clàr-bidhe deireadh-sheachdain	
Tòiseachadh	Brot Sùgh Feusganan
Prìomh chùrsa	Iasg Cearc Pìotsa
Milsean	Reòiteag Gateau

- 3 Tha trì rudan a' dol air Pìotsa Mario. Tha luchd-ceannach a' taghadh bho Dhearcan-ola, Tomàto, Pepperoni, Balgan-buachair agus Tiùna. Dèan liosta de gach seòrsa Pìotsa a gheibhear le trì rudan air a' mhullach.





1 Tha Bob, Ruairidh, Iain agus Ailig a' cluich ball-coise.

Cleachd am fiosrachadh seo agus maids gach cluicheadair ris an àireimh aige agus an t-suidheachadh a tha aige air a' phàirc.

- 'S e Iain an *striker*.
- Chan eil an *goalie* na sheasamh ri taobh an *striker*.
- Tha an àireamh as motha air a' *winger*.
- 'S e caraid Ailig a tha ann am *midfield*.
- Tha àireamh 19 air Iain.
- Tha Bob na sheasamh eadar Ailig agus Iain.

2 Tha àireamh **palindromic** co-ionann nuair leughas tu i air ais agus air adhart.

22 20102 313 888 7447

(a) Sgrìobh gach **palindrome** trì-figear a tha a' tòiseachadh le 5.

(b)

27972

Dè an ath àireamh palindromic a gheibh thu air gleoca-luaths a' chàr seo?

3 Minich na tha cumanta eadar na h-àireamhan anns gach seata.



(a) 92 324 7209
282 613 200
1 504 722

(b) 20 365 95
1215 4 35 610
7000





(c) 25 85 14
96 47 63

(d) 91 2314 46
532 28 712

1 Sgrìobh gach cuideam ann an graman, chun an 10g as fhaisge.



2 Sgrìobh gach cuideam ann an cileagraman, chun an 0.01 cg as fhaisge.






3 Lorg cuideam poca chiùban




- ann an graman, chun an 10g as fhaisge
- ann an cileagraman, chun an 0.01 cg as fhaisge.

4 Dèan an àirde poca gainmhich anns a bheil cuideam timcheall air 410 graman.





An e meidh (X) (Y) no (Z) a b' fheàrr cleachdadh airson iad seo a chothromachadh?



2 **Obraichibh ann am paidhrichean.** Airson gach gnìomh:

- bruidhnibh air mar a dh'fhaodadh sibh cuideam an rud a lorg
- cothromaich an rud
- sgrìobh mu na rinn sibh.

A

Lorg cuideam sèithear an tidseir.

B

Lorg cuideam tiona a tha làn.

C

Lorg cuideam aon chunntair.

D

Lorg cuideam còta.

3 Cleachd meidh dà-phana, cuideam 20g agus poca chiùban.

- (a) Cothromaich 50g de chiùban ann an dà dhòigh **eadar-dhealaichte**.
- (b) Sgrìobh mun dà dhòigh.



1 Tomhais gach eun ann an cm, agus an uair sin obraich a-mach an fhìor fhaid a rèir an sgèile.

Sgèile: 1 cm ri 3 cm

(a) Gocan



(b) Brù-dhearg




(c) Buidheag



(d) Currghalan



(e) Trilleachan



2 Tha gach eun air a dhealbh ri sgèile eadar-dhealaichte.

(a) Tomhais gach rèis-sgiath ann an ceudameatairean, agus an uair sin obraich a-mach fìor fhaid an rèis-sgiath.

1 cm ri 6 cm



Gobhlan-gaoithe

1 cm ri 10 cm




Speireag

1 cm ri 20 cm



Clamhan

1 cm ri 30 cm




Iolaire

(b) Lorg fìor fhaid a h-uile eun.



- 1 Tha am plana seo dhen ionad eun air a dhealbhadh ri sgèile 1 cm ri 2 m. Lorg fìor fhaid agus fìor leud gach pàirt.



- 2 Tha na craobhan seo a' fàs faisg air an ionad-eun.

(a) Lorg fìor àirde gach craoibhe.



Giuthas
1 cm ri 10 m

Iubhar
1 cm ri 3 m

Caorann
1 cm ri 6 m

Giuthas
Lochlannach
1 cm ri 15 m

Leamhan
1 cm ri 12 m

- (b) Dèan sgeidse de gach craoibh a' cleachdadh sgèile 1 cm ri 3 m.

1 Dè an tuairmse dhiubh seo bu choltaiche airson gach faid?

mu
100 m

mu
10 mm

mu
1 m

mu
1 km

mu
10 m

mu
100 km

mu
10 cm

mu
5 m



faid
crios




faid
càr



leud
àireamhair



àirde
puist-solais



faid
raoin-laighe



leud
putain



an t-astar eadar
An Caisteal Nuadh
agus Iork



faid
trèana

2 Dè na faidean dhiubh seo a thomhaiseadh tu ann an
(a) cilemeatairean (b) meatairean (c) ceudameatairean (d) milimeatairean?



faid
bus



àirde
craoibhe



rèis-sgiath
meanbh-chuileig



an t-astar eadar a'
Ghealach agus an Talamh



faid
mòr-rathaid



faid
peansail




tiughad
bonn airgid




àirde
taighe

3 Sgrìobh dà rud eile a thomhaiseadh tu ann an
(a) cilemeatairean (b) meatairean (c) ceudameatairean (d) milimeatairean?




1 Lorg faid an fhiodh a tha air fhàgail nuair a thèid

- (a) 35 cm a ghearradh bhon fhiodh-ghiuthais
- (b) 1 m 65 cm a ghearradh bhon fhiodh-leamhain



3



(a) Dè an leud a tha anns na preasan a cheannaicheas gach duine?



Feumaidh mi dà phreas a bheir dhomh leud 140 cm gu lèir.

Daibhidh



Feumaidh mi trì preasan a bheir dhomh leud 120 cm gu lèir.

Seng

(b) Dè na ceithir preasan eadar-dhealaichte anns a bheil leud dà mheatair gu lèir?


4 Lorg an t-astar a shiubhail bhana Sheumais tron t-seachdain air fad.




Astar air a shiubhal	
Diluain	3 km
Dimàirt	6700 m
Diciadain	4 km 450 m
Diardaoin	5.5 km
Dihaoine	2800 m

1 Tomhais cuairt-thomhas gach cumaidh.

(a)




(b)




2 Obraich a-mach cuairt-thomhas gach cumaidh.


(a)




(b)



(c)



(d)



3 Lorg fìor chuairt-thomhas gach togalaich anns na planaichean seo.


Sgèile: 1 cm ri 2 m



Sgèile: 1 cm ri 5 m




1 **Tomhais** ann am milimeatairean agus lorg cuairt-thomhas gach ceart-cheàrnaich.




2 Ciamar a dh'obraicheas tu a-mach cuairt-thomhas ceart-cheàrnaich nuair tha fios agad air an fhaid agus air an leud?

3 **Obraich a-mach** cuairt-thomhas gach ceart-cheàrnaich.



4 Tha feans ùr a' dol an-àirde mu chuairt-thomhas gach pàirc ann an Tac a' Bhaile. Obraich a-mach faid an fheansaidh a dh'fheumar airson

- (a) pàirc nam fiadh - faid 30 m, leud 25 m
- (b) pàirc a' chruidh - faid 45 m, leud 22 m
- (c) pàirc nan caorach - faid 27 m, leud 18 m.



5 Tha Tac a' Bhaile

- ceart-cheàrnachail
- de dh'fhaid 65 meatairean agus de leud 60 m
- le balla mu thimcheall na cuairt-thomhais.

Obraich a-mach faid a' bhalla.



1 Sgrìobh gach uair na h-uair 24-uarach.



7.00 m.



8.00 m.



8.55 m.



10.13 m.



11.32 m.



12.00 m.-latha



2.07 f.



4.43 f.



5.00 f.

2 Càit an robh Gavin aig na h-uairean seo?

- (a) 06:58 (b) 08:26 (c) 11:31 (d) 15:03 (e) 16:52

3 Sgrìobh gach uair na h-uair 12-uarach. Cleachd m. no f.

- (a) 04:00 (b) 22:00 (c) 02:15 (d) 19:45 (e) 23:09
 (f) 00:23 (g) 20:36 (h) 18:51 (i) 01:11 (j) 00:00

4 Dè an ceann-uidhe a tha aig an turas a tha a' fàgail

- (a) aig 5 m. (b) aig 9.35 f.
 (c) dìreach ro 1.30 f. (d) dìreach an dèidh 6 m.
 (e) dìreach an dèidh 8.10 f. (f) dìreach ro 5.45 f.
 (g) eadar 8.15 m. agus 11.15 m.
 (h) eadar meadhan-latha agus 12.30 f.?

5 Dealbh clàr nan **Tursan a' fàgail**, ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an uair as tràithe.

Tursan a' fàgail	
Obar Dheathain	1327
Beul Feirste	0601
Bristol	2135
Baile Atha Cliath	1227
Dùn Èideann	0500
Glaschu	2011
Manchester	1744
An Caisteal Nuadh	0935

Uair Ionadail mu Thimcheall an t-Saoghail

New York Bermiùda Lunnainn Baile na h-Àithne Mumbai Beijing Adailèad


07:00 09:00 12:00 14:00 17:30 20:00 21:30



- Cia mhead uair air thoisich, no air dheireadh air Lunnainn, a tha gach uair ionadail?
- Nuair a tha e 14:30 ann an Lunnainn, dè an uair a tha e ann am
 - Baile na h-Àithne
 - Mumbai
 - Bermiùda?
- Airson gach tè dhe na h-uairean ionadail seo, innis an uair ann an Lunnainn.

Beijing	Adailèad	New York
(a) 23:00	(b) 17:30	(c) 06:00
- Tha e 03:00 ann an New York. Dè an uair a tha e ann am
 - Baile na h-Àithne
 - Bermiùda
 - Mumbai?
- Tha turas-plèana bho Lunnainn chun na Ròimh a' toirt 3 uairean a thìde. fhàg a' phlèana aig 07:30. Tha uair ionadail na Ròimh 1 uair air thoisich uair Lunnainn. Dè an uair a tha e san Ròimh nuair laigheas a' phlèana air
 - Lorg an uair-laighe ionadail airson nan tursan seo à Lunnainn.

Ceann-uidhe	Ciopras	Mosgo	Washington	San Francisco
Ùine an turais	$4\frac{3}{4}$ u	$3\frac{1}{2}$ u	8 u	$11\frac{1}{2}$ u
Uair a' fàgail	09:00	09:45	14:00	17:30
Diofar eadar uair ionadail agus uair Lunnainn	+2 u	+4 u	-5 u	-8 u



Trèana: Ambertini - Cala - Rivera				
Fàg	Ambertini	0710	1135	1550
Rui	Cala	0815	1250	1700
Fàg	Cala	0820	1310	1715
Rui	Rivera	0915	1400	1820
Fàg	Rivera	0925	1405	1825
Rui	Ambertini	1040	1535	1945

Bàta: Cala - Bertoli				
Fàg	Cala	0905	1310	1740
Rui	Bertoli	0945	1400	1820
Fàg	Bertoli	0955	1420	1835
Rui	Cala	1040	1505	1915

Bàta: Rivera - Bertoli				
Fàg	Rivera	0920	1410	1830
Rui	Bertoli	0940	1435	1850
Fàg	Bertoli	1010	1455	1905
Rui	Rivera	1035	1515	1935

- Ghabh an teaghlach an trèana bho Ambertini gu Cala. Thug an turas 1 uair agus 15 mionaidean. Dè an trèana a fhuair iad?
- Ghabh an teaghlach bàta bho Cala gu Bertoli, agus an uair sin ghabh iad bàta eile bho Bertoli gu Rivera. Ràinig iad Rivera aig 15:15. Dè an ùine a chosg iad ann am Bertoli?
- (a) Dè an ùine a bha iad a' feitheamh airson trèana air ais gu Ambertini?
(b) Dè an uair aig an do ràinig iad Ambertini?
- Am b' urrainn dhaibh trèana a ghabhail bho Ambertini gu Cala, agus an uair sin bàta a ghabhail gu Rivera tro Bertoli, agus an uair sin siubhal air ais air trèana gu Ambertini airson biadh aig 16:15? Minich.
- Tha Lucy agus Eanraig a' planadh turas-latha bho Ambertini, a' cosg na h-ùine a th' air a sealltainn aig a' Ghàrradh agus co-dhiù dà àite eile. Minich an turas aca.

30 mion
Gàrradh

1 u
Pàirc Eun

50 mion
Uaimh

45 mion
Dùn



- 1 Ath-sgrìobh agus crìochnaich an clàr seo gus sealltainn gach ùine-bruich.

Cuideam Ùine-bruich	1 cg	$1\frac{1}{4}$ cg	$1\frac{1}{2}$ cg	$1\frac{3}{4}$ cg	2 cg	$2\frac{1}{4}$ cg	$2\frac{1}{2}$ cg
Cearc	40 mion						
Uan	48 mion						
Mairt	60 mion						

- 2 Feumaidh Cedric, an còcaire, biadh a chur air a' bhòrd aig 1 f. Dè an uair mu dheireadh aig am faod e iad seo a chur dhan àmhainn?

(a) 2 cg de chearc (b) $2\frac{1}{2}$ cg de mhairt-fheòil
(c) $1\frac{3}{4}$ cg de dh'fheòil uain



- 3 Dè cho fada 's a chanadh tu a bheireadh Cedric

(a) a' bruich ugh \longrightarrow 30 mion **no** 15 mion **no** 3 mion?
(b) a' bruich casaroil lusan \longrightarrow 1 uair **no** 3 uairean **no** 6 uairean?
(c) a' bruich cèic le measan \longrightarrow $1\frac{1}{2}$ uairean **no** 8 uairean **no** 16 uairean?

Tràthan-foise Cedric	bracaist 20 mion	cofaidh maidne 15 mion	biadh 35 mion	dinneir 1 u	suipeir 20 mion
-----------------------------	----------------------------	----------------------------------	-------------------------	-----------------------	---------------------------

Tha Cedric ag obair 5 làithean gach seachdain.

Dè an ùine a tha e a' faighinn gu lèir ann an 5 làithean airson fois?

- 5 Tha Cleo, an cuidiche, 21 bliadhna a dh'aois.

A bheil i air a bhith beò airson barrachd air, no nas lugha na

(a) 1000 seachdain (b) 8000 latha (c) 183 000 uair?

Minich.



1 Obraich còmhla ri caraid.

- (a) Sgrìobh an aois agad cho tric 's as urrainn dhut ann an 10 diogan. Gabhaibh cuairt mu seach a' sgrìobhadh agus a' gabhail na h-ùine.
- (b) Obraich a-mach do reit **sgrìobhaidh** ann am figearan san diog.
- (c) Aig an reit seo, cia mheud litir a sgrìobhadh tu ann an
 - 1 mhionaid • 10 mionaidean • 1 uair?



2 Obraich a-mach gach reit.

- (a) Reit taidhpaidh ann an litrichean san diog.
- (b) Reit còmhraidh ann am faclan san diog.
- (c) Reit leughaidh ann am faclan san diog.



Thaidhp Bill 60 litir ann an 30 diog.



Thuirt Liz 120 facal ann am 20 diog.



Leugh Iain 36 facail ann an 15 diogan.

3 Ruith Sue 150 meatair ann am 25 diogan. Dè an luaths ruithe a bha aig Sue ann am meatairean san diog?



4 Obraich a-mach gach luaths ann am meatairean san diog.



Dh'iomair Sine 48 m ann an 12 diogan.



Ghluais Sal 80 m ann an 16 diogan.




Rinn Dan 420 m ann an 40 diog.

5 Obraich còmhla ri caraid.

Lorg an luaths leum agad ann am meatairean san diog.



Rèis-monaidh (24 mìltean)



Tha an graf a' sealltainn nan ùineachan a thug daoine gus rèis 24 mìltean a ruith.

- Cò bu luaithe?
- Obraich a-mach luaths cuibheasach gach ruitheadair.

- Sheòl an *Queen Mary* 225 mìltean ann an 9 uairean. Sgrìobh an luaths ann am mìltean san uair.



- Lorg gach luaths, ann am mìltean san uair, **chun na h-àireimh slàin as fhaide**



273 mìle ann an 4 u



614 mìle ann an 5 u



43 mìle ann an 3 u



343 mìle ann an 6 u



3500 mìle ann an 8 u




274 mìle ann an 14 u

- Bha 130.5 mìltean ann an turas Carla. Shiubhail i ann an tràna airson $2\frac{1}{4}$ uairean aig 54 mìle san uair, agus an uair sin air bus airson 24 mionaidean.


- Dè an t-astar a shiubhail Carla air an tràna?
- Lorg luaths cuibheasach a' bhus.



1 Sgrìobh comas-lionaidh gach soithich ann am **milliotairean**



ann an **ceudalioairean**



2 Dè an comas-lionaidh a tha anns an t-soitheach a ghabhas am meud as motha



am meud as lugha?



3 Sgrìobh iad seo ann an òrdugh.


(a) Tòisich leis an tomhas-lionaidh **as motha**.




(b) Tòisich leis an tomhas-lionaidh **as lugha**.




4 Dè an soitheach dhiubh seo anns a bheil comas-lionaidh nas motha na 35 cl agus nas lugha na 65 cl?





Dè an sgèile a tha a' sealltainn tomhas-lìonaidh nan rudan seo?

- am bainne
- an t-uisge
- an ola
- am fion-geur



Airson gach soithich:

- dèan tuairmse air a' chomas-lìonaidh ann an ceudaliothairean
- dèan cinnteach le bhith a' tomhas.

Clàraich do fhreagairtean ann an clàr mar seo.

Soitheach	Tuairmse	Tomhas
A	mu cl	mu cl
B		

B Lorg dà shoitheach eile, gach fear le comas-lìonaidh eadar 35 cl agus 0.5 l.

- 1 Tha sgoilearan Clas 7 air a bhith a' dòrtadh uisge ann an soithichean.
 (a) Sgrìobh **Ceart** no **Ceàrr** airson seantans gach sgoileir.

Tha barrachd uisge agam na tha aig Sophie, ach nas lugha na tha aig Zoe.

Tha 50 cl a bharrachd agam na tha aig Sophie.

Tha am meud as lugha agamsa.

Tha barrachd uisge agamsa na tha aig Jack, aig Sophie no aig Mark.

Tha 95 cl aig Mark.

Tha 91 cl de dh'uisge aig Jack

Tha $\frac{9}{10}$ l aig Sophie. Tha 940 ml aig Zoe.

- (b) Dè an tomhas-lionaidh de dh'uisge a tha aig gach sgoilear seo?

Tha 75 ml nas lugha agam na tha aig Mark.

Rosie

Tha 10 cl a bharrachd agam na tha aig Sophie.

Leela

2



Lorg tomhas-lionaidh a' pheanta anns na soithichean seo?


- | | |
|-----------------------|----------------------------|
| (a) uaine agus buidhe | (b) donn agus geal |
| (c) gorm agus donn | (d) buidhe agus dearg |
| (e) dearg agus uaine | (f) gorm, buidhe agus geal |



Dè an dà thomhas-lionaidh a bheir dhut suim

- | | | | |
|------------|------------|---------------|----------|
| (a) 900 ml | (b) 0.75 l | (c) 1 l 50 ml | (d) 1 l? |
|------------|------------|---------------|----------|

Tha gach ciùbaid air a dèanamh le ciùban ceudameatair.



1 Ath-sgrìobh agus crìochnaich an clàr.


Ciùbaid	Àireamh chiùban ann an aon sreath (faid)	Àireamh shreathan (leud)	Àireamh fhilleadh (àirde)	Tomhas-lionaidh ann an ciùban ceudameatair
Buidhe	6	4	3	cm ³

2




Sgrìobh riaghailt gus tomhas-lionaidh ciùbaid a lorg nuair tha fios agad air an fhaid, an leud agus an àirde.

3 Lorg tomhas-lionaidh gach tè dhe na ciùbaidean seo, ann an cm³.







MEASADH

Tomhas-lionaidh: ciùbaid, $T = f \times l \times à$




Tha I liotair timcheall air $1\frac{3}{4}$ pinnt.

1 Timcheall air cia mheud **pinnt** de dh'ogsaidean a tha anns gach tanca?


- (a)  2l
- (b)  100 l
- (c)  12 l
- (d)  $4\frac{1}{2}$ l

2 Timcheall air cia mheud **liotair** a tha air fhàgail anns gach tanca-connaidh?

- (a) 
- (b) 

10 galain air fhàgail 25 galain air fhàgail

Tha I ghalan timcheall air 4.5 liotairean.




150 galan air fhàgail







500 galan air fhàgail

3 Tha I ùnsa timcheall air 30 gram.




Lorg cuideam tuairmseach gach creag-gealaich, ann an **graman**.

- (a)  4 ùnsaichean
- (b)  7 ùnsaichean
- (c)  12 ùnsaichean
- (d)  $10\frac{1}{2}$ ùnsaichean

4 Lorg tuairmse air a' chuideam **gu lèir**, ann an **cileagraman**, anns na creagan-gealaich seo.





1 Timcheall air cia mhead **cilemeatair** a tha bhon Làrach-laighe gu

- (a) Dumpa connaidh (b) Raon Eco (c) Stèisean X (d) Lann Saidheans?


ASTARAN BHO STÈISEAN X

Cruinn-shloc	45 mile.....
Bholcàno	74 cilemeatairean..
Fàsach	36 cilemeatairean..
Mèinn	21 mìle.....

2 Dè am fear as fhaisge air Stèisean X?

- (a) an Cruinn-shloc no am Bholcàno
(b) am Mèinn no am Fàsach

3 Lorg cuideam tuairmseach gach bucas innealan, **ann am puinnd**.



Tha 1 chileagram timcheall air 2.2 puinnd


4 Sgrìobh na h-aonadan Ìmpireil **agus** meatrach as fheàrr airson iad seo a thomhas.

- (a) comas-lìonaidh poit tì
(b) cuideam àireamhaire
(c) an t-astar eadar an Talamh agus a' Ghealach
(d) comas-lìonaidh tanca-connaidh càr
(e) cuideam breige

- 1 Tha faid 100 meatair ann an taobhan pàirc cheàrnagach. Lorg farsaingeachd na pàirce ann am
(a) meatairean ceàrnagach (b) heactairean.




- 2 (a) Tomhais faid agus leud a' chlas agaibh.
(b) Lorg tuairmse air farsaingeachd a' chlas agaibh ann am meatairean ceàrnagach.
(c) Timcheall air cia mheud clas dhen mheud seo a dheigheadh am broinn farsaingeachd 1 heactair?



- 3 (a) Comharraich a-mach ceàrnag mhòr le taobhan de mheud 25 m.
(b) Lorg farsaingeachd na ceàrnaig ann am m^2 .
(c) Cia mheud ceàrnag dhen mheud seo a dheigheadh am broinn farsaingeachd 1 heactair?
- 4 Tha faid 60 m agus leud 40 m ann an raon-cluiche sgoile. Timcheall air cia mheud raon-cluiche dhen mheud seo a dheigheadh am broinn farsaingeachd 1 heactair?


- 5 Tha 1 heactair air a chomharrachadh le




Lorg tuairmse air na farsaingeachdan seo:

- (a) taigh-tasgaidh (b) factaraidh (c) mòr-bhùth
(d) sgoil (e) coille (f) lochan
- 6 (a) Cia mheud meatair ceàrnagach a tha ann an 1 chilemeatair ceàrnagach?
(b) Cia mheud heactair a tha ann an 1 chilemeatair ceàrnagach?
- 7 Timcheall air cia mheud raon-cluiche le faid 60 meatair agus le leud 40 meatair a dheigheadh am broinn farsaingeachd 1 chilemeatair ceàrnagach?


Obraich a-mach farsaingeachd gach triantain.



Obraich a-mach farsaingeachd gach deilbh.




FÀILTE GU SAOGHAL EILE ...








1 Obraich a-mach farsaingeachd gach Raoin ann an Saoghal Eile.

2 Airson gach cumaidh, tomhais taobhan no faidean eile, agus obraich a-mach am farsaingeachd.



- 1 (a) Dèan gach fear dhe na cruthan seo.



- (b) Ath-sgrìobh agus crìochnaich an clàr seo airson do chruthan.

Cruth	Àireamh aodainnean	Àireamh ghoban	Àireamh oirean
Ciùb			

Lorg pàtran anns a' chlàr agad. Sgrìobh riaghailt a leigeas dhut an àireamh oirean a lorg nuair tha fios agad air an àireamh aodainnean agus an àireamh ghoban.


- 2 (a) Cleachd do riaghailt bho cheist 1 gus crìoch a chur air an fhiosrachadh airson pioramaid cheàrnagach

Pioramaid cheàrnagach	5		8
-----------------------	---	--	---

- (b) Crùthaich pioramaid cheàrnagach airson dèanamh cinnteach.


- 3 (a) Leudaich an clàr agad airson an 'tùir' seo.

- (b) Ma dh'fheumas tu, cruthaich an cruth airson dèanamh cinnteach.




- 4 Lorg **suim** faidean nan oirean ann an ciùb air a bheil aodainnean de dh'fharsaingeachd 9 cm^2 ?


1 Ainmich gach cruth.




A




B



C




D




E


2 Maids gach cruth bho cheist 1 ris an lion aige.




P




Q



R



S



T


- 3 Dèan dealbh de lion
 (a) priosam sia-cheàrnachail
 (b) pioramaid sia-cheàrnachail.

Dèan cinnteach, ma dh'fheumas tu, le bhith a' dèanamh an lìn agus a' chruth.





1 Cleachd pàipear ceàrnagach. Airson gach cruth, dealbh an

- sealladh-plana
- sealladh-aghaidh
- sealladh-cliaithaiche.



2 Dèan dealbh de shealladh-plana gach cruth.





- 1
- Geàrr a-mach na cumaidhean aig bonn **Duilleag Sgoileir 30**.
 - Cuartaich gach cumadh air muin a' chumaidh dhen aon sheòrsa bho mhullach na duilleig.
 - Sgrìobh air gach cumadh an àireamh thursan a thèid e am broinn na loidhne-muigh ann an aon chuairt iomlan.
 - Glaodh na cumaidhean anns an leabhar-sgrìobhaidh agad.

2








- Dèan ceist 1 a-rithist airson nan cumaidhean air **Duilleag Sgoileir 31**.
- Ath-sgrìobh agus crìochnaich clàr mar seo:

Poileagan àbhaisteach	Àireamh thaobhan co-ionann agus ceàrnan co-ionann	Àireamh thursan a thèid e am broinn na loidhne-muigh
Triantan ionann-thaobhach	3	3


- Dè a tha thu a' mothachadh?

- (a) Dèan lethbhreac de gach dealbh air pàipear ceàrnagach.
- (b) Crìochnaich gach dealbh gus am bi co-chothromachd chuartail aige.




- 2 Dèan fhèin, agus cuir dath air, dealbhan anns a bheil co-chothromachd chuartail.

1 Dè na cumaidhean anns a bheil an loidhne dhearg na trastan?




Feumaidh tu dà shrianag fhada agus dà shrianag ghoirid.




2 Cleachd an t-srianag fhada agus aon ghoirid mar thrastanan de cheithir-cheàrnach.


- Ceangail na srianagan mar a chì thu an seo.
- Comharraich gach ceann dhe na trastanan.
- Dè an cumadh a tha thu a' smaoinichadh a tha air a dhèanamh nuair thèid na cinn a cheangal le loidhnichean dìreach?
- Dèan cinnteach le bhith a' dealbh nan loidhnichean.




3 Dèan ceist 2 a-rithist le srianagan air an ceangal mar seo.



4 (a) Dealbh na trastanan seo air pàipear ceàrnagach.



- (b) Dè na cumaidhean a tha thu a' smaoinichadh a gheibh thu nuair a tha cinn nan trastanan air an ceangal le loidhnichean dìreach? Dèan cinnteach le bhith a' dealbh nan loidhnichean.
- (c) Ainmich na ceithir-cheàrnachan anns a bheil trastanan
 - a tha a' trasnadh aig ceàrnan ceart
 - **nach eil** dhen aon fhaid.



1 Dè an cumadh, no na cumaidhean, air a bheil gach sgoilear a' bruidhinn?

(a)



Tha co-chothromachd chuartail aige.

(b)

Tha na trastanan aige a' trasnadh aig ceàrn ceart.



(c)



Tha dìreach aon phaidhir de thaobhan mu choinneimh a chèile co-shìnte.

(d)

Thèid e am broinn a loidhne-muigh trì tursan ann an aon chuairt iomlan.



(e)

Tha aon loidhne cothromachaidh aige agus dìreach aon phaidhir de thaobhan dlùth co-ionann



(f)

'S e loidhnichean cothromachaidh a tha anns na trastanan aige, agus thèid e am broinn a loidhne-muigh barrachd air dà thuras ann an aon chuairt iomlan.

(g)



Tha a thrastanan co-ionann agus tha iad a' letheadh a chèile. **Chan e** loidhnichean cothromachaidh a tha anna.

(h)

Tha a thrastanan a' letheadh a chèile aig ceàrnan ceart agus thèid e am broinn a loidhne-muigh dìreach dà thuras ann an aon chuairt iomlan.



(i)



Tha dà phaidhir de thaobhan mu choinneimh a chèile co-ionann agus co-shìnte. **Chan eil** na trastanan co-ionann, agus chan e loidhnichean cothromachaidh a tha anna.

2 Ainmich gach cumadh S, T, U, ... Z.


3

Dèan dealbh de chumadh anns a bheil co-chothromachd chuartail agus dìreach sia loidhnichean cothromachaidh.




- 1 Tha co-chomharran $(-4, 2)$ aig an spot bhuidhe. Sgrìobh co-chomharran nan spotan seo:

- (a) pinc (b) uaine (c) dearg (d) gorm
 (e) geal (f) dubh (g) orains



- 2 Dè an dath a tha air an spot aig gach fear dhe na suidheachaidhean seo?


- (a) $(3, 3)$ (b) $(0, 1)$ (c) $(6, -1)$ (d) $(-3, -3)$ (e) $(-5, 0)$
 (f) $(2, -2)$ (g) $(-6, 1)$ (h) $(0, 0)$



Dèan **dealbh-lorgaidh** de gach cumadh agus cuartaich e gus faileasan a
org.


Sgrìobh na co-chomharran seo:

- goban an leth-chumaidh
- na goban a dh'fheumar gus an cumadh a chrìochnachadh airson gur e
loidhne cothromachaidh a tha anns an axis **chòmhnard**.



Sgrìobh na co-chomharran seo:

- goban a' chumaidh
- goban faileas a' chumaidh nuair tha na h-axes dìreach **agus** còmhnard
nan loidhnichean cothromachaidh.




Dèan dealbh-lorgaidh ma dh'fheumas tu.


I Sgrìobh co-chomharran goban gach cumaidh

- anns an t-suidheachadh sa bheil e
- an dèidh don chumadh gluasad


(a) sia aonadan chun na làimhe deise (b) còig aonadan cli



(c) ochd aonadan chun na làimhe deise agus aon aonad suas (d) sia aonadan cli agus dà aonad sìos



(e) còig aonadan chun na làimhe deise agus dà aonad sìos (f) seachd aonadan cli agus dà aonad suas.




Dèan dealbh-lorgaidh de gach cumadh agus cuartaich e gus an suidheachadh ùr a lorg.


I Sgrìobh co-chomharran goban a' chumaidh

- anns an t-suidheachadh sa bheil e
- an dèidh don chumadh cuairt a chur mun ghob aig (0, 0)


(a) 90° tuathal




(b) 180° deasail




(c) 90° deasail




(d) 180° tuathal.



1 Dè na ceàrnan a tha caol farsaing fosgailte?







2 (a) Dèan tuairmse air meud ceàrn P agus an uair sin dèan cinnteach le bhith ga thomhas le protractair **chun na puinge as fhaisge**.
 (b) Dèan an aon rud airson gach ceàrn Q, R, S, T agus U.









3 Dealbh ceàrnan de
 (a) 60° (b) 145° (c) 28° (d) 99° .


1 Obraich a-mach meud nan ceàrnan dearga.



2 Obraich a-mach meud nan ceàrnan gorma.



I Sgrìobh cùrsa a' Chaisteil bho gach àite air an dealbh.



Obraichibh mar bhuidheann.



Tha thu a' dol a ghabhail cunntas dhen chlas agad gus faighinn a-mach cò aig a tha peata agus, ma thà, dè an seòrsa peata a tha aca.

(a) Dè an ceisteachan gu h-ìosal a b' fheàrr a chleachdadh? Minich.

Peata	Àireamh pheatan	Suim	Cù	Cat	Gearbail
Iasg-òr	I		Jake	Mina	Emma (3)
Rabaid			Ailean	Robbie(2)	Rosie
Hamstair					
			Suim <input type="checkbox"/>	Suim <input type="checkbox"/>	Suim <input type="checkbox"/>

- (b) Gabh an cunntas leis a' cheisteachan tha thu a' smaoinichadh as fheàrr.
- (c) Dealbh graf gus na freagairtean agad a shealltainn.
- (d) Sgrìobh aithris ghoirid mun chunntas.

S' e am peata as cumanta.

Bha barrachd aig nighnean na bha aig balaich.

(a) Dèan fhèin an-àirde ceisteachan, agus gabh cunntas gus lorg dè am 'peata eagalach' dhiubh seo a thaghadh gach sgoilear sa chlas agad.



- (b) Dèan foillseachadh dhe na toraidhean agad.
- (c) Sgrìobh aithris ghoirid mu na toraidhean agad.


Àrainn

Feartan

Iuchair:



Coille Feur Uisge



Faid Uighean

Black Shadow
 25 – 30 cm

		Cèitean gu Sult	30-40	
--	--	-----------------	-------	--

Bee Bug
 Up to 25 cm

		Iuch gu Dùbh	suas gu 15	
--	--	--------------	------------	--

Mexray
 20 – 25 cm

		Giblean gu Dàmh	5-10	
--	--	-----------------	------	--

Grass Creeper
 15 – 20 cm

		Ògmh gu Dàmh	20-25	
--	--	--------------	-------	--

- Cleachd am fiosrachadh bho stòr-data nam biastagan agus dèan Duilleag Sgoileir 37.
- Dè na mìosan tro am biodh e comasach iad seo fhaicinn?
 - na biastagan gu lèir
 - dìreach** trì seòrsaichean
- Ainmich a' bhiastag
 - coille, a tha ag ithe tron latha agus a ghabhas a làimhseachadh
 - a chithear sa Ghiblean, a tha ag ithe tron oidhche is a tha puinnseanta
 - coille, a chithear sa Chèitean, agus a tha ag ithe tron latha
- Dè a' bhiastag


<ol style="list-style-type: none"> a gheibhear sa choille dh'fhaodadh a bhith 30cm de dh'fhaid a chithear san Ògmhios 	<ol style="list-style-type: none"> a tha ag ithe tron oidhche a ghabhas a làimhseachadh a tha a' breith nas lugha na 30 ug
--------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------	-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

Cunnart



Puinnseanta Bìdeadh Sàbhailte

Ag ithe



Tron latha Tron oidhche


Glusad



Miosan

Skimmer


10 – 15 cm

Màrt
gu
Lùn

up to 15

Hopper


25 – 30 cm

Iuchair
gu
Samh

30-35

Stinger


35 – 40 cm

Màrt
gu
Dàmh

5-10

Dragon Beetle

5 – 10 cm

Màrt
gu
Samh


40-45

5 Lorg a' bhiastag a tha


- (a)
- ri fhaicinn san t-Sultain
 - a' breith barrachd air 10 uighean
 - ag ithe tron oidhche
 - beò san fheur
 - a dh'fhaodadh bhith 10 cm de dh'fhaid
- (b)
- a' glusad airson nas lugha na 9 mìosan
 - a dh'fhaodadh breith barrachd air 10 uighean
 - a dh'fhaodadh bhith 25 cm de dh'fhaid
 - beò san fheur
 - ag ithe tron latha

6 Sgrìobh dà phìos fiosrachaidh airson dìreach an **Skimmer** a lorg.

7 Faighnich don tidsear am faod thu am fiosrachadh a chur ann an stòr-data coimpiutair.



- 1 Tha gach graf a' sealltainn an aon fhiosrachaidh mu na cur-seachadan a thagh 20 neach-turais aig Ionad-spòrs na Bruaich




Lorg gach freagairt agus innis dè an clàr as soilleire a sheallas e.

- Dè an cur-seachad a thagh barrachd air cairteal dhen luchd-turais?
- Dè an dà chur-seachad a thagh an aon àireamh de luchd-turais?
- Cia mheud neach-turais a thagh gach cur-seachad?
- Dè an dà chur-seachad **còmhla** a thagh leth dhen luchd-turais?

- 2 Tha an clàr-cearcaill a' sealltainn nan ràithean anns a bu thrice a chleachadh an t-ionad.

Cleachdadh Ràitheil


- Cia mheud roinn cho-ionann a tha anns a' chearcaill?
- Dè an **ceudad** dhe na daoine a chleachd an Ionad bu thrice as t-Earrach as t-Fhoghar?
- Dè an ràith anns a bu thrice a chleachdadh an t-ionad le dìreach 20% 40% dhe na daoine?



- 3 Tha an clàr-cearcaill a' sealltainn an àireamh thursan a thadhail 100 duine air an Ionad san Ògmhios.

Àireamh thursan: Ògmhios

- Dè na h-àireamhan thursan as cumanta agus as neo-chumanta
- Cia mheud roinn cho-ionann a tha anns a' chearcaill?
- Dè an **ceudad** dhe na daoine a thadhail air an Ionad dà thuras barrachd air 4 tursan nas lugha na 3 tursan barrachd air aon turas **eadar** aon turas agus còig?



- 4 Seall am fiosrachadh sa chlàr-chearcaill ann an **clàr-colbh loidhne**.

Ghabh Clas 7 cunntas gus lorg an t-astar a leumadh sgoilearan le 'leum cangarù'.



- Dè am bèarn clasa anns a bheil
 - an àireamh as motha de sgoilearan
 - an àireamh as lugha de sgoilearan?

- Dè am bèarn clasa anns a bheil
 - an leum as giorra
 - an leum as fhaide?

- Cia mhead sgoilear gu lèir a ghabh pàirt anns an leum cangarù?

- Cia mhead sgoilear a leum
 - na b' fhaide na 119 cm
 - na bu ghorra na 160 cm?

- Dè a' **bhloigh** dhe na sgoilearan a leum
 - na bu ghorra na 140 cm
 - eadar 119 cm agus 180 cm?

- Dè an **ceudad** dhe na sgoilearan a leum na b' fhaide na 139 cm?

- Leumaidh ceathrad sa cheud dhe na sgoilearan ann an Clas 6 nas fhaide na 139 cm.


Cleachd **Duilleag Sgoileir 39** agus am fiosrachadh gu h-ìosal gus faighinn a-mach a bheil seo fìor le bhith

- a' crìochnachadh a' chlàir-thriceid
- a' dealbh clàr-colbh.



Leuman cangarù

Àireamh sgoilearan




Leuman cangarù Clas 6 (cm)									
113	123	165	121	125	107	130	115	128	118
145	136	174	142	150	158	145	116	136	147
124	156	106	180	127	137	113	152	140	109
114	136	173	125	132	116	109	159	169	153
108	140	134	183	106	153	139	124	148	132

A' làimhseachadh data: clàran-colbh le bèarnan clasa



Tha an graf loidhne-dhìreach seo a' sealltainn na dàimh eadar Notaichean (£) agus Iùrothan (€) ann an 2003.

Notaichean agus Iùrothan



1 Tha 100 cent ann an 1 Iùro. Dè a tha gach beàrn beag a' comharrachadh
 (a) air axis nan Iùrothan (b) air axis nan Notaichean?


2 Cleachd an graf.

- Cuir ann an Iùrothan. (a) £1.00 (b) £3.50 (c) £2.25
- Cuir ann an Notaichean. (d) €4.00 (e) €2.40 (f) €6.00

3 Anns a' mhòr-chuid de dhùthchannan Eòrpach, tha na h-astaran eadar bhailtean air an sgrìobhadh ann an cilemeatairean.

- Dèan lethbhreac dhen ghraf seo air pàipear ceàrnagach 2 mm.
- Leudaich aon axis gu 55 mìltean; am fear eile gu 90 km.
- Cuir na puingeann (32km, 20 mìle) agus (80km, 50 mìle) air.
- Dealbh loidhne tro na puingeann seo chun an origin gus graf loidhne-dhìreach a dhèanamh.


Miltean agus Cilemeatairean



4 Cleachd an graf agad.

- Cuir ann am mìltean. (a) 40 km (b) 24 km (c) 60 km
- Cuir ann an cilemeatairean. (d) 5 mìltean (e) 30 mìle (f) 47.5 mìltean

- 1 Lorg farsaingeachd gach triantain cho-chasaich cheart-cheàrnachail, ann an cm^2 .
Ma dh'fheumas tu, dealbh na triantain air pàipear ceàrnagach ceudameatair.




- 2 Tha an graf a' sealltainn na dàimh eadar faid nan taobhan co-ionann agus am farsaingeachd, ann an triantain cho-chasach le ceàrn ceart.

Cleachd an graf.

- (a) Ath-sgrùd do fhreagairt airson Ceist 1.
- (b) Lorg farsaingeachd an triantain nuair tha na faidean seo anns na taobhan co-ionann:
• 6 cm • 7 cm?
- (c) Lorg faidean nan taobhan co-ionann nuair tha farsaingeachdan nan triantan:
• 32 cm^2 • $4 \frac{1}{2} \text{ cm}^2$?

Farsaingeachd
(cm^2)

Triantain cho-chasach le ceàrn ceart




- 3 (a) Dèan lethbhreac dhen ghraf **Àireamhan Ceàrnagach** seo air pàipear ceàrnagach 2 mm.

(b) Leudaich aon axis gu 10 agus am fear eile gu 100.

(c) Cuir na puingeann seo air:
(1, 1), (2, 4), (3, 9), (4, 16), ... (10, 100).

(d) Dealbh loidhne tro na puingeann chun an origin gus graf loidhne-lùbte a dhèanamh.

Àireamhan Ceàrnagach



4. Cleachd an graf agad.

(a) Lorg **tuairmsean** air:

• ceàrnag 4.5 • an àireamh le 56.25 mar cheàrnag.

(b) Cleachd àireamhair gus dèanamh cinnteach de phàirt (a).



Tha ceithir sgoiltean a' gabhail pàirt ann an Latha Spòrs.



- 1 B' e seo na sgòran a fhuair na cluicheadairean ann an Sgioba Comraigh airson *keepie-uppie*.

6 8 13 7 15 3 8 9 5 17 8

- (a) Airson puingean sgioba Comraigh, lorg
 • an raon • am modh • am meadhan.
- (b) Lorg àireamh chuibheasach nam puingean a chaidh a sgòradh le bhith a' roinn suim nam puingean leis an àireamh sgoilearan san sgioba.

- 2 Airson puingean nan sgoiltean seo san fharpais, lorg

- (a) an raon (b) am modh (c) am meadhan (d) a' chuibheas.

Bàghphort			
10	14	15	10
11	23		7
	10	26	

Nuabhaile			
7	14	7	19
5	16	23	

Dail-iar			
3	14	12	8
8		26	5
	20		

- 3 B' e seo an àireamh dhiogan a thug sgioba Nuabhaile ann an rèis nam poca.



Airson uairean sgioba Nuabhaile, lorg

- (a) an raon (b) am modh (c) am meadhan (d) a' chuibheas.

- 4 Dèan ceist 3 a-rithist airson uairean rèis nam poca aig na sgoiltean seo:


Comraigh				Bàghphort			Dail-iar		
19	21	18	22	25	30	31	36	23	25
18	21	17		29	26	26	27	35	
23	18	24	19	31	28	26	29	34	23

1 Tha an clas agad a' dol air turas chun a' chladaich.
Cleachd **eu-comasach** no **neo-choltach** no **coltach** no **cinnteach**
airson bruidhinn mu dè cho choltach 's a tha na tachartasan seo.

(a) Chì thu crùbag.




(b) Togaidh tu caisteal-gainmhich de dh'airde 100 meatair.



(c) Bidh uisge na mara saille.



(d) Chì thu muc-mhara.



2 Dealbh sgèile mar seo.



gun theansa droch theansa teansa ionann deagh theansa cinnteach
Dealbh agus ainmich gathan air an sgèile agad gus sealltainn dè an teansa a
th' ann gun tachair iad seo a-màireach.

(a)



Thig sneachd.

(b)



Ithidh tu biadh

(c)



'S e balach a' chiad naoidhean a thèid a bhreith.

(d)





Lorgaidh tu £20.

3 Smaoinich air tachartas a tha:



- (a) eu-comasach (b) coltach (c) aig-a bheil teansa ionann.

Fèill Sgoile




- 1 Dèan liosta de gach buil a tha comasach ma tha an gath a' steigeil ri cairt le

- (a) àireamh chòrr
- (b) iomad de 4
- (c) àireamh cheàrnagach
- (d) prìomh àireamh.




- 2 Sgrìobh gach buil a tha comasach ma tha an àireamh air an iasg

- (a) cothromach
- (b) na h-ìomad de 3
- (c) na factor de 12
- (d) triantanach.



- 3 Sgrìobh a' choltachd gum faigh thu

- (a) dhà
- (b) àireamh chòrr
- (c) àireamh nas lugha na 5
- (d) àireamh eadar 0 agus 10.



- 4 Reic Sìne 100 ticead crannchur air an àireamhachadh 1 gu 100.

Cleachd nas lugha na aon ann a dhà **no** aon ann a dhà **no** barrachd air aon ann a dhà agus bruidhinn air coltachd gach tachartas an seo.

- (a) 'S e iomad de 5 a tha anns an ticead a bhuannaich.
- (b) 'S e àireamh chothromach a tha anns an ticead a bhuannaich.

